


James Clerk Maxwell

1831-1879



Ainmeil airson:

- A' dearbhadh a' cheangal eadar dealan, iùil-tharraing agus solas airson a' chiad uair
- A' co-dhùnadh mu dè a bh' ann an cearcallan Saturn
- A' cruthachadh beachd-smuain co-cheangailte ri gasan
- A' dèanamh a' chiad dealbh dathte.

Tha James Clerk Maxwell gu tric air ainmeachadh mar aon de na h-eòlaichean fiosaigs as ainmeil san t-saoghal. Thug e cuideachd buaidh mhòr air luchd-saidheans cudromach eile, leithid **Albert Einstein**.

Bha beachdan-smuain Maxwell deatamach ann an leasachadh teicneòlas ris am bi sinn an-diugh a' gabhail mar nì àbhaisteach, leithid:

- Rèidio
- Telebhisean
- Fònaichean-làimhe.

James Clerk Maxwell (1831-1879)

Tràth-bhliadhnaichean agus foghlam

Rugadh e ann an Dùn Èideann ann an 1831, agus chaith Maxwell na tràth-bhliadhnaichean aige san dachaigh-teaghlach aig Glenlair ann an Dùn Fris is Gall-Ghàidhealaibh.

Chaidh e gu Acadamaidh Dhùn Èideann nuair a bha e 10 bliadhna a dh' aois. An seo, nochd e comas neò-àbhaisteach ann am matamataig. B' e aon de na caraidean sgoile aige Peter Guthrie Tait, a thàinig cuideachd gu bhith na eòlaiche fiosaigs ainmeil.

Thàinig a' chiad pàipear saidheansail aig Maxwell, air a sgrìobhadh nuair a bha e dìreach 14, bhon ùidh aige ann a bhith a' dealbhadh cumaidhean ughach a' cleachdadh phrìnichean agus sreang.

An àite a bhith dìreach a' coimhead air na cumaidhean a bha comasach an dealbhadh, thàinig e suas le co-aontaran matamataigeach co-cheangailte ri bhith a' ceangal chaochladairean ri chèile. Dh' fhaodadh seo a bhith mar shuidheachadh nam prìnichean ri fad an t-sreang, mar eisimpleir.

Dòigh-beatha san oilthigh

Chaidh Maxwell air adhart gu bhith a' sgrùdadh ann an Dùn Èideann, Lunnainn agus Cambridge, far na rinn e deuchainn ann an lèirsinn datha le bhith a' measgachadh dhathan solais eadar-dhealaichte còmhla.

B' ann aig an àm seo a thòisich e air an obair airson a bheil e nas aithnichte - rannsachadh ann an rèididheachd dealan-tharraingeachd.

A-mach às an obair mhòr a rinn e anns na bliadhnaichean a lean, chuir e ceithir cho-aontaran ri chèile a' ceangal iùil-tharraing dealanach ri solas airson a' chiad uair. Thàinig a' bheachd-smuain seo air adhart ro thonnann rèidio.

Obair agus deuchainnean

Ann an 1856, agus gun e ach aig aois 25, chaidh a chur do Chathair Feallsanachd Nàdarra aig Colaisde Marischal, Obar Dheathain. Aig an àm seo, thòisich e ag obair air bun-rannsachadh eile - co-mhisgeachd chearcallan Saturn.

Is ann sna 1980n a chaidh na bun-bheachdan aige a dhearbhadh nuair a bha e comasach do chuirtean fànais Voyager sgrùdadh nas fhaisge a dhèanamh air Saturn.

Fhuair Maxwell dreuchd Àrd-ollamh Feallsanachd Nàdarra ag Colaisde an Rìgh, Lunnainn ann an 1860. Dh' fhuirich e an sin airson còig bliadhna. Ann an òraid, thaisbean e a' chiad dealbh dathte - de ribean tartan - a' cleachdadh sìoltachain dathte.

Ann an 1871 ghabh e dreuchd mar a' chiad Àrd-ollamh de Fiosaigs Deuchainneach aig Oilthigh Cambridge. Chaidh e air adhart gu bhith a' stèidheachadh deuchainn-lann rannsachaidh Cavendish, far an deach mòran de na bun-bheachdan aige a leasachadh.

Na bliadhnaichean a lean

Bhàsaich Maxwell le aillse stamaig aig aois 48. Nochd **iomradh-bàis drùithteach bho P G Tait**, caraid agus co-eòlaiche saidheans dha Maxwell anns na 'Proceedings of the Royal Society of Edinburgh'.

Tha Maxwell air a thiodhlaiceadh ann an cladh Parton, faisg air Glenlair ann an Dùn Fris is Gall-Ghàidhealaibh.

A' gabhail a-steach cho goirid sa bha a bheatha, tha na choilean Maxwell eadhon nas iongantach buileach.

Cha robh a' mhòr-shluadh an-còmhnaidh eòlach air ainm. Ach tha luchd-saidheans san fharsaingeachd mothachail air na rinn Maxwell co-cheangailte ri adhartas anns an t-saoghal sa bheil sinn beò.

An robh fhios agad?

Bha James Clerk Maxwell gu mòr a' creidsinn gum bu chòir foghlam a bhith ann dhan h-uile duine. Ann an Obar Dheathain agus Lunnainn thug e seachad òraidean oidhche dha fir a bha ag obair, a' tabhann dhaibh an cothrom an cuid foghlam adhartachadh.

Air a thogail bhon Thalla Cliù Saidheans aig Leabharlann Nàiseanta na h-Alba
<http://digital.nls.uk/scientists/biographies/index.html>



Education Scotland

Denholm House

Almondvale Business Park

Almondvale Way

Livingston EH54 6GA

T +44 (0)141 282 5000

E enquiries@educationscotland.gov.uk

www.educationscotland.gov.uk

Transforming lives through learning



**Education
Scotland**
Foghlam Alba